

South West by South

An t-Eilean Fada, The Long Island: A Poetic Cartography

Taisbeanadh le Gill Ruiseil

Tha An Lanntair an-dràsta a' foillseachadh an taisbeanaidh Iar-dheas gu Deas, An t-Eilean Fada: Clàradh Dànach le Gill Ruiseil.

Is e neach-ealain a tha ann an Gill Ruiseil aig a bheil ùidh ann an àiteachan 'cudromach' (miotas-eòlach, cruinn-eòlach, dànach, eachdraidheil, cosmach, sonaigeach, teicneòlach, àrsaidh) agus mar a tha iad a' fighe ri chèile san t-sealladh-tìre. Bidh i ag obair thar raon de nòsan agus mheadhain, a' gabhail a-steach cur an sàs, lèir-chlaistinn, mapadh, dealbhadh, dàin agus teacsaichean. Tha coiseachd glè thric mar phrìomh nì san rannsachadh aice.

Ann an 'Iar-Dheas gu Deas' tha Gill a' rannsachadh an càirdeas làidir a tha eadar am muir agus an tìr. Tha an t-eadar-chluich a tha a' dol thar a' chladaich air fad eadar na sruthan-mara agus an aimsir, agus tro shùilean mhic an duine, nan tachartasan caochlaideach, dràmach, agus uaireannan millteach. San taisbeanadh seo tha iad sin air am mìneachadh tro chlàradh dànach, ann an taisbeanadh le dealbhan mòra, dealbhan balla *vinyl*, clàraidhean fuaim agus mapaichean.

Chaidh am paca-gaileiridh seo ullachadh gus a dhol an cois an taisbeanaidh agus tha gnìomhan agus obair na lùib a dh'fhaodadh tu a dhèanamh còmhla ris a' chlas agad.

Tha sinn an dòchas gun toir na gnìomhan seo taic dhut fhèin agus dha na sgoilearan agad ann a bhith a' coimhead agus a' meòrachadh air an obair-ealain a tha Gill air a dhèanamh. Far a bheil e comasach dhut, gabh fhèin com-pàirt sa ghnìomh agus leig le na sgoilearan faicinn mar a tha thu a' dol an sàs san obair.

Tha An Lanntair toilichte stuthan a thoirt dhan sgoil agaibh ma bhios feum agaibh orra.

Raointean a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais

Na h-Ealain Chruthachail

Tha an cothrom agam a bhith a' taghadh agus a' sgrùdadh raon de mheadhanan agus theicneòlasan gus ìomhaighean agus nithean a chruthachadh, a' faighinn a-mach a' bhuaidh a tha aca agus cho freagarrach 's a tha iad airson obraichean sònraichte. **EXA 1-02a**

Tha an cothrom agam a bhith a' taghadh agus a' sgrùdadh raon de mheadhanan agus theicneòlasan gus ìomhaighean agus nithean a chruthachadh, **EXA 2-02a**

Air mo bhrosnachadh le raon de chulaidh-bhrosnachaidh, is urrainn dhomh mo bheachdan, smuaintean agus faireachdainnean a mhìneachadh agus a chur an cèill tro ghnìomhan ann an ealain agus deilbh. **EXA 1-05a / EXA 2-05a**

Is urrainn dhomh freagairt a thoirt ri obair luchd-ealain agus luchd-deilbh le bhith a' conaltradh mu mo smuaintean agus m' faireachdainnean. Is urrainn dhomh beachd a thoirt agus a ghabhail mun obair agam fhèin agus obair chàch. **EXA 1-07a / EXA 2-07a**

Air mo bhrosnachadh le raon de chulaidh-bhrosnachaidh, is urrainn dhomh mo bheachdan, smuaintean agus faireachdainnean a mhìneachadh agus a chur an cèill tro dhràma. **EXA 1-13a / EXA 2-13a**

Slàinte agus Sunnd: Sunnd inntinneil agus faireachail

Tha fios agam gu bheil sinn uile a' fèin-fhiosrachadh taghadh de smuaintean agus faireachdainnean a tha a' toirt buaidh air mar a tha sinn a' faireachdainn agus gar giùlain fhèin agus tha mi ag ionnsachadh dhòighean ùra air a bhith dèiligeadh riutha. **HWB 1-02a / HWB 2-02a**

Tha mi a' tuigsinn gun urrainn dha na faireachdainnean agam agus an dòigh sa bheil mi a' dèiligeadh riutha ag atharrachadh a rèir dè a tha a' tachairt annam agus mun cuairt orm. Tha seo gam chuideachadh ann a bhith a' tuigsinn mo dhòigh-giùlain fhèin agus dhaoine eile.

HWB 1-04a / HWB 2-04a

Tha mi a' tuigsinn gun urrainn dha daoine a bhith a' faireachdainn aonranach agus gum faod iad a bhith air am mì-thuigsinn agus air am fàgail a-mach le daoine eile. Tha mi ag ionnsachadh mar as urrainn dhomh taic iomchaidh a thoirt seachad. **HWB 1-08a / HWB 2-08a**

Litearrachd: Èisteachd agus Còmhradh

An uair a bhios mi a' dol an sàs le daoine eile, tha fios agam cuin agus ciamar a bhios mi ag èisteachd, cuin a bu chòir dhomh bruidhinn, dè na bu chòir dhomh a ràdh, cuin a bu chòir dhomh ceistean a chur agus ciamar a bu chòir dhomh freagairt le urram. **LIT 1-02a**

An uair a bhios mi a' dol an sàs le daoine eile, is urrainn dhomh freagairt a thoirt ann an dòighean a tha iomchaidh a thaobh mo dhreuchd, sealltainn gu bheil mi a' cur luach ann an tabhartasan dhaoine eile agus iad sin a chleachdadh airson cur-ris a' breithneachadh agam.

LIT 2-02a

Litearrachd: Sgrìobhadh

Is urrainn dhomh mo fhèin-fhiosrachaidhean a mhìneachadh agus a cho-roinn agus innse mar a tha iad a' toirt orm a bhith a' faireachdainn. **ENG 1-30a / GAI 1-30a**

Mar a bhios mi a' sgrìobhadh airson diofar adhbharan agus luchd-leughaidh eadar-dhealaichte, is urrainn dhomh m' faireachdainnean innse agus a cho-roinn, ag innse mu na thug iad orm a bhith a' smaoinachadh mu dheidhinn agus mar a bha iad a' toirt orm a bhith a' faireachdainn. **ENG 2-30a / GAI 2-30a**

Eòlas Creideimh agus Moraltachd

Is urrainn dhomh mìneachadh carson a tha diofar dhaoine dhan bheachd gu bheil luachan mar onair, urram agus co-fhaireachdainn cudromach, agus tha mi a' nochdadh spèis do dhaoine eile **RME 2-09c**

Is urrainn dhomh mo thuigse air luachan mar cùram, co-roinn, cothromachd, co-ionannachd agus gràdh a nochdadh. **RME 1-09b**

Tributrees

Cearcall-uisge, sgrìobhadh-cruthachail no obair deilbh.

Stuthan a dh'fheumar

Pàipear-sgrìobhaidh (le loidhnichean no às an aonais) no pàipear gnìomh sgoileir, peansailean agus rubairean.

Obair

Seall dhan chlas agad an obair ealain 'tributrees' san taisbeanadh. Is e obair ealain a tha seo a rinn Gill a tha a' sgrùdadh dhromannan-uisge – bhon t-sruthan chun mhuir. Tha iad air an sgrùdadh agus air coiseachd rin taobh, a' leantainn gluasad an uisge agus a' faicinn mar a tha e a' toirt cumadh air an talamh agus mar as urrainn dhan aimsir atharrachadh a thoirt orra ann an cumadh agus meud, a' fàs nas motha ann an lighe agus nas lugha ann an tiormachd.



Seall dhan chlas agad aon de na h-ìomhaighean gu h-ìosal (am fear as iomchaidh nad bheachd fhèin) agus mìnich mar a tha an cearcall uisge ag obair. (Tuilleadh fiosrachaidh an seo:

<https://www.natgeokids.com/uk/discover/science/nature/water-cycle/>)

An uair sin thoir cuireadh dha na sgoilearan smaoineachadh gur e aon bhoinneag uisge a tha annta agus iarr orra mapadh, dealbh a dhèanamh no sgrìobhadh an slighe mac-meanmnach a' cleachdadh siota no pàipear/leabhran mssa

Thoir tìde gu leòr dhaibh an obair a chrìochnachadh agus an uair sin mar chlas co-roinn na sgeulachdan no na h-ìomhaighean mu na boinneagan agus thèid tro liosta nan ceistean agus nam beachdan.

Thoir tìde dhaibh an obair a chrìochnachadh agus an uair sin mar chlas co-roinn na sgeulachdan no na h-ìomhaighean mu na boinneagan agus thèid tro liosta nan ceistean agus nam beachdan.



Ceistean:

Is e leas-abhainn, sruthan a tha a' dol a-steach do thuilleadh uisge mar abhainn, loch no dhan mhuir.

Carson a tha thu a' smaoinichadh a thug Gill Tributees mar ainm air an obair-ealain sin?

Dè an taobh a tha thu a' smaoinichadh a tha an t-uisge a' ruith?

Am faca tu cumaidhean mar seo ron seo? Is dòcha air an tràigh? Air cliathaich gloinne le deoch fhuar innte?

Carson a tha thu a' smaoinichadh a tha na cumaidhean sin coltach ri chèile?

A bheil fhios agad gun robh an talamh ag ath-chuairteachadh uisge airson còrr air 4 billean bliadhna – tha sin a' ciallachadh nach eilear a' dèanamh uisge ùr a-nis, is e an còmhnaidh an t-aon uisge a tha a' gluasad mun cuairt oirnn (ag tromhainn!).

Smaoinich air càite a bheil na boinneagan uisge sin air a bhith!

A bheil thu a riamh air anail dràgoin a dhèanamh air latha fuar agus reòiteach? Dè a bhios a' tachairt an uair a bhios sinn a' sèideadh ar n-anail air uinneag? Dè a bhios a' cheò sin a' sealltainn dhuinn?

Beachdan:

Rinn sibh math a bhoinneagan beaga! Abair tòrr sgeulachdan, beachdan agus smuaintean agus is e an rud a tha iongantach gur dòcha gu bheil A H-UILE AON FÌOR!

Tha uisge mun cuairt oirnn agus a' gluasad fad na h-uile. Uaireannan chì thu e, ann an sruthain agus sa mhuir. Uaireannan eile chan eil e cho furasta fhaicinn mar san anail againn, ach tha fios againn gu bheil e ann.

Tha sinn fortanach gu bheil uisge a' ruith bho na tapaichean againn. Ann an ceàrnaidhean eile den t-saoghal chan eil e furasta dhaibh uisge fhaighinn. Chan eil fada on uair sin, nach robh tapaichean aig daoine sna taighean aca ann an Leòdhas agus dh'fheumadh iad a dhol a dh'iarraidh uisge gu tobraichean anns an robh uisge fìor ghlan a bha ag èirigh suas às an talamh.

Feumaidh sinn leantainn oirnn a' coimhead às dèidh an t-uisge againn oir tha fios againn gum bi sinn ga chleachdadh a-rithist.

Bileag gnìomh Tributrees airson sgoilear

Smaoinich gur e boinneag uisge a tha annad. Tha mu 60% de dh'uisge nad bhodhaig agus mar sin cha bu chòir dhan seo a bhith ro dhoirbh.

Thoir ainm dhan bhoinneig agad.

Tha an talamh air a bhith ag ath-chuairteachadh uisge airson còrr air 4 billean bliadhna – tha sin a' ciallachadh nach eil uisge ùr ga dhèanamh. Is e an t-aon uisge a' tha a' còmhdach na talmhainn, a' gluasad mun cuairt oirnn agus eadhoin tromhainn. -

Càite a bheil a' bhoinneag agadsa air a bhith ron seo? A bheil i air tuiteam air dìneasairean. A bheil i air fleòdradh mar bhleideag sneachda gu mullach Beinn Everest? A bheil muc-mhara air a slugadh? > A bheil thusa air a splaisigeadh a-mach à lòn? Am faca an neach-ealain Gill thu a' dol seachad san abhainn?

Is dòcha gur e boinneag èibhinn a tha innte no is dòcha gur e tè bhrònach a tha ann. A bheil i air a bhith a' dèanamh charaidean air an t-slighe?

Sa bheàrn gu h-ìosal no san leabhar-sgrìobhaidh agad, sgrìobh sgeulachd no dèan dealbh de na h-àiteachan sa bheil a' bhoinneag agad air a bhith na chuairt bho na sgòthan chun na talmhainn, mar a rinn e a shlighe air ais chun na mara agus an uair sin air ais gu bhith na sgòth.

A' dèanamh comharra-tìre

Obair-togail agus a' togail ann an trì meudan agus sgilean conaltraidh mu chùisean coimhearsnachd.

Stuthan a dh'fheumar

Stuthan ath-chuairteachaidh, stuthan airson dath, pàipear, glaodh, teip, stuthan nàdarra mar morghan, còinneach agus feur.



Gnìomh

Ag èisteachd ris na h-agallamhan san taisbeanadh a rinneadh le Dòmhnall MacIlleathain, fear a' bhàt'-aiseig, tha e ag innse mu bhith a' cleachdadh comharran-tìre an uair a bhiodh e a' stiùireadh a bhàta. Bhiodh e a' cleachdadh nithean mar gèibhealan thaighean, cruic agus pòlaichean teileagraf. Tha e cuideachd ag innse mu bhith a' gluasad crodh na coimhearsnachd bho aon eilean gu eilean eile.

Mar chlas, iarr air sgoilearan sealladh-tìre ùr a thogail. Faodaidh iad seo a bhith ag obair air an t-sealladh-tìre còmhla – a bheil beanntan ann no a bheil e còmhnaidh? A bheil tràigh ann no caladh?

No faodaidh iad a bhith ag obair leotha fhèin gus comharra-tìre pearsanta a dhèanamh mar taigh, no bothan, craobh no togalach-sgoile.

An uair sin thoiribh na comharran-tìre a rinn sibh còmhla gus sealladh-tìre coimhearsnachd a thogail – faodaidh iad rud sam bith a tha iad ag iarraidh a chur ann. Feuch am bi e comasach dha na sgoilearan bruidhinn mu càite am bu chòir drochaidean, rathaidean no eaglaisean a chur agus carson.

Dè a tha cudromach dhaibh a bhith sa choimhearsnachd aca – is dòcha abhainn no lòn airson tonnagan no pàirc-cluich. Is dòcha gur e coille no croitean no beathaichean.

Tha e an àirde riutha fhèin dèanamh cinnteach gu bheil rùm gu leòr ann airson beachdan a h-uile duine agus airson comharran-tìre.

Ceistean:

Seall air an rud a thog sinn le chèile!

Dè am pìos as fheàrr leat agus carson?

An urrainn dha duine sgeulachd innse mu àite sa choimhearsnachd a thog sinn?

Càite a bheil thu a' smaoinichadh a chuireadh tu seachad feasgar samhraidh?

Càite a bheil thu a' smaoinichadh a bhiodh tu airson a dhol air feasgar geamhraidh?

Dè an comharra-tìre a b' fheàrr a chitheadh Dòmhnall an uair a bhiodh e fada a-mach aig muir nam biodh e a' seòladh seachad?

Dè na làraichean a tha thu smaoinichadh a bu chaomh le Gill coiseachd mun cuairt?

Seach gu bheil coimpiutairean agus uidheam againn a-nis airson bàtaichean agus plèanaichean a stiùireadh agus gu bheil càraichean ann a-nis a stiùireas iad fhèin --a bheil thu dhan bheachd gu bheil e cudromach fhathast gu bheil comharran-tìre againn sa choimhearsnachd againn?

Beachdan:

Is e coimhearsnachd buidheann de dhaoine a tha a' fuireach san aon àite. An uair a bhios sinn a' togail àiteachan ùra airson daoine a bhith a' fuireach annta agus a' tighinn còmhla tha e cudromach gu bheil guth a h-uile neach air a chluinntinn agus gu bheil a rùm fhèin aig a h-uile neach.

Sa choimhearsnachd a thog thu tha comharran-tìre a bhiodh e comasach dhut fhaicinn bho fada air falbh a bhiodh a' cuideachadh dhaoine a bhith ag aithneachadh an t-sealladh-tìre.

Is dòcha gum biodh rudan ann a bhiodh a' dèanamh choimhearsnachdan nas fhasa an aithneachadh – rudan nach fhaic thu le do shùilean. Rudan mar na daoine a tha a' fuireach annta agus mar a tha iad a' tighinn beò – an tèid thu ann air heileacoptair no air bàta a-mhàin? Is dòcha nach eil ann ach dhà no trì thaighean agus mòran bhùithtean no a' chalg-dhìreach an aghaidh sin.

Tha a h-uile sealladh-tìre agus coimhearsnachd diofraichte agus is e ar dleastanas mar bhuill den choimhearsnachd uallach a ghabhail de na comharran-tìre againn agus na nithean a tha a' dèanamh ar coimhearsnachd sònraichte.

Còda Cuirp

Na h-Ealain Lèirsinneach, gnìomh còda

Gnìomh

Airson bliadhnaichean nas sine faodaidh tu an clas a chur ann an talla.

Bidh cuid de na sgoilearan nan ‘cunnartan iùil’ (ie bu chòir an seachnadh) agus an cuir air feadh an t-seòmair le facal bhon liosta de na cunnartan-iùil agus bidh cuid mar sgioba de dhithis sgoilearan a bhios mar bàta agus neach-stiùiridh.

Bidh ‘am bàta’ a’ gluasad tron talla (agus an neach-stiùiridh na chois) agus an uair a thig iad faisg air comharra-tìre feumaidh an neach-stiùiridh comharrachadh dè an cunnart a tha ann le bhith ag obrachadh a-mach a’ chòda. Cuiridh an comharra-tìre a-mach an còd a tha aige mar rabhadh. Chan urrainn dha na bàtaichean no na stiùirichean a dhol air adhart gus an obraich iad a-mach dè an cunnart a tha ann.

Is urrainn dha na cunnartan taghadh an dòigh anns a bheil iad airson an còd a chonaltradh – is dòcha gur ann tro phrìobadh, bìogail, gluasadan-làimhe, leumannan no a’ gluasad am bodhaig ann an sgrìoban fada agus goirid.

Is dòcha gum bi cuid de sgoilearan airson an cunnartan fhèin ullachadh agus obrachadh a-mach dè an còd a bu chòir a bhith nan cois.

Is dòcha gum bi cuid de na sgoilearan a bhios mar ‘bàta’ airson an slighe a chlàradh le bhith a’ tarraing mapa den t-seòmair leis an cunnartan air an cuir san t-suidheachadh cheart.

IONNSAICH AN CÒD MORSE

Faodaidh tu còd Morse a sgrìobhadh no a chur tro fuaimean no solais. Tha dotagan a’ riochdachadh fuaim goirid no solas, agus strìochagan a’ riochdachadh fuaim no solas fada.

Learn Morse Code

You can write Morse code, or send it via sounds or lights.
Dots represent a short sound or light, and dashes a long sound or light.

A	B	C	D	E	F
..-	-....	-....	-...-
G	H	I	J	K	L
-...-	-...-	-...-	...-
M	N	O	P	Q	R
--	-..	-...-	-...-	-...-	...-
S	T	U	V	W	X
...-	-	...-	...-	...-	-...-
Y	Z	0	1	2	3
-...-	-...-	-...-	-...-	...-	...-
4	5	6	7	8	9
....-	-.....	-.....	-.....	-.....

Created by Kate Fairlie picklebums.com © 2018 For personal non-commercial use only.

Eisimpleirean de chunnartan iùil-mara

C R E A G

L O N G -

B H R I S E A D H

A O -

D O M H A I N N

T A L A M H

Gus an gnìomh seo a chrìochnachadh coimhead ris an obair-ealain 'Lost ships wind rose'. Is e long-bhrisidh a tha sa h-uile loidhne den teacsa agus tha na facail a' sealltainn àirde na gaoithe aig an àm. Mar as fhaide a tha an teacsa bhon mheadhan is ann a bu làidir a bha a' ghaoth aig àm an long-bhrisidh.

Beachdan:

Tha mòran dhòighean againn airson a bhith a' conaltradh ri chèile.

Uaireannan feumaidh e a bhith comasach dhuinn a bhith a' conaltradh gun a bhith a' dèanamh fuaim. Dìreach mar a bhios bàtaichean air an oidhche a' dol tro uisgeachan cunnartach – bidh iad a' coimhead a-mach airson solais airson an stiùireadh.

An urrainn dhad mhàthair no an tidsear agad no caraid comharran a thoirt dhut gun a bhith a' cleachdadh facail? Is dòcha greann air an aodann! Is dòcha le bhith gad phutadh no an t-sùil a bheir tidsear ort gus innse dhut gu bheil iad ann an da-rìribh!

Is e dòighean conaltraidh a tha annta sin air fad – ag innse nithean cudromach dha chèile.

Tha obair-ealain Gill ag iarraidh oirnn sùil a thoirt air an talamh air a bheil sinn a' còmhnaidh, no air a' mhuir air a bheil sinn a' dol tarsainn. Tha Gill a' cleachdadh obair-ealain le facail agus ìomhaighean a tha ag innse dhuinn mun t-sealladh-tìre no na nithean a tha air tachairt san àite sin.

An ath thuras a bhios tu a' gluasad tron t-sealladh-tìre, air bus na sgoile air do shlighe dachaigh, no a-muigh airson cuairt no air do bhaidhsagail, is dòcha gun smaoinich thusa air dòighean air innse mun t-slighe sin ann am pìos-ealain mar a bhios Gill a' dèanamh.